



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

MINUTE OF THE MEETING HELD IN THE COUNCIL CHAMBER, COUNCIL OFFICES, STORNOWAY ON MONDAY 12 JUNE 2017 AT 2.00 PM.

PRESENT

Mr John A Maciver (Chairman)
Mr Alasdair Macleod (Vice Chairman)
Mr Uisdean Robertson
Mr Roddy Mackay
Mr Norman A Macdonald
Mr Gordon Murray
Mr John Mackay

APOLOGIES

Mr Finlay Cunningham
Mr Malcolm Burr

IN ATTENDANCE

Mr Derek Mackay
Mrs Doileag Macleod
Mr Donald Weir
Mr Bernard Chisholm
Mr William Macdonald
Mr Angus MacIennan

CONSTITUTION

1 Appointment of Chairman

The Clerk chaired the Meeting and called for nominations for Chairman of the Comataidh.

Mr Norman A Macdonald, seconded by Mr Roddy Mackay, moved the appointment of Mr John A Maciver as Chairman of the Comataidh.

There being no further nominations, Mr John A Maciver was duly elected as Chairman of the Committee.

Arising out of consideration of this item it was agreed to recommend that the Comhairle agree that a Report be submitted to the next series of meetings seeking to increase the membership of Comataidh Buileachaidh Plana Canan.

2 Appointment of Vice-Chair

The Chairman called for nominations for Vice-Chair of the Comataidh.

The Chairman, seconded by Mr Norman A Macdonald, moved the appointment of Mr Alasdair Macleod as Vice-chair of the Comataidh.

There being no further nominations, Mr Alasdair Macleod was duly elected as Vice-chair of the Committee.

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

GEÀRR-CHUNNTAS NA CHOINNEIMH A CHAIDH A CHUMAIL ANN AN SEÒMAR NA COMHAIRLE, OIFISEAN NA COMHAIRLE, STEÒRNABHAGH, AIR DILUAIN 12 ÒGMHIOS 2017 AIG 2f

AN LATHAIR

Mgr. Iain A MacIomhair (Cathraiche)
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar Neach-cathrach)
Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh
Mgr. Ruairidh MacAoidh
Mgr. Tormod A Dòmhnallach
Mgr. Gòrdon Moireach
Mgr. Iain MacAoidh

LEISGEULAN

Mgr. Fionnlagh Coineagan
Mgr. Malcolm Burr

AN LÀTHAIR

Mgr. Derek MacAoidh
Bh-Ph Doileag NicLeòid
Mgr. Dòmhnall Weir
Mgr. Bernard Siosalach
Mgr. Uilleam Dòmhnallach
Mgr. Aonghas MacIllinnein

BUN-STEIDH

1 Suidheachadh Neach-cathrach

Ghabh an Clàrc an cathair agus dh'iarr i ainmean airson Cathraiche na Comataidh.

Ghluais Mgr Tormod A Dòmhnallach, le taic bho Mhgr Ruairidh MacAoidh, gun deidheadh Mgr Iain A MacIomhair a shuidheachadh mar Chathraiche na Comataidh.

Cha deach neach eile a ghluasad agus mar sin, chaidh Mgr Iain A MacIomhair a thaghadh mar Neach-cathrach na Comataidh.

Ag èirigh a-mach à beachdachadh air a' chuspair seo chaidh aontachadh moladh gun tigeadh Aithisg chun ath shreath choinneamhan a meudachadh ballrachd Comataidh Buileachaidh Plana Cànana.

2 Suidheachadh Iar Neach-cathrach

Dh'iarr an Neach-cathrach ainmean airson Iar Neach-cathrach na Comataidh.

Ghluais an Neach-cathrach, le taic bho Mgr Tormod A Dòmhnallach, gun deidheadh Mgr Alasdair MacLeòid a shuidheachadh mar Iar Neach-cathrach na Comataidh.

Cha deach neach eile a ghluasad agus mar sin, chaidh Mgr Alasdair MacLeòid a thaghadh mar Iar Neach-cathrach na Comataidh.

MINUTES

- 3 The Minute of Meeting of 27 February 2017 was **approved**.

Arising out of consideration of item 10 of the Minute, the Committee were informed that the Student Placement Scheme had attracted eleven students one of which was based in South Uist, the remaining ten were in Lewis. It was noted that Local Members in the Southern Isles and Harris would encourage organisations in their area to participate in the Scheme in 2018/19 to ensure a more geographical spread across the Western Isles.

- 4 Declaration of Interest

There were no declarations of interest.

GAELIC LANGUAGE PLAN

- 5 Public Consultation on The National Gaelic Plan

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report in relation to the launch of the revised National Gaelic Language Plan. The Report stated that it was a requirement of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 that Bòrd na Gàidhlig prepare and submit to the Scottish Ministers a National Gaelic Language Plan which included proposals as to how it should exercise its functions under the Act. Those proposals included a Strategy for promoting, facilitating the promotion of, the use and understanding of the Gaelic language, Gaelic Education and Gaelic culture. Bòrd na Gàidhlig published its revised Gaelic Language Plan in February 2017 and opened a public consultation period which closed on 17 May 2017. A response to the Consultation was submitted by the deadline and was attached at Appendix 1 to the Report.

It was agreed to recommend that the Comhairle approve the draft response to the Draft National Gaelic Language Plan.

GEÀRR-CHUNNTASAN

- 3 Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 5 Dùbhlachd 2016.

Ag èirigh a-mach à beachdachadh air cuspair 10 den Gheàrr-chunntais, chaidh innseadh dhan Chomataidh gu robh Sgeama Greis Gniomhachais nan Oileanach air aon-deug de dh'oileanaich fhastadh, aon neach ann an Uibhist a Deas agus an còrr ann an Leòdhas. Thugadh fa-near gum biodh Buill Ionadail na h-Eileanan mu Dheas agus Na Hearadh a misneachadh bhuidhnean anns na sgìrean sin gu compàirt a ghabhail ann an sgeama 2018/19 gus am bi an sgeama air an sgoileadh air feadh nan Eilean Siar.

- 4 Clàradh Uidh

Cha deach ùidh a chlàradh

PLANA CÀNAN GÀIDHLIG

- 5 Co-chomhairleachadh Poblach air Plana Nàiseanta Gàidhlig:

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear ann an dàimh ri Plana Nàiseanta Ath-leasaichte airson na Gàidhlig. Chaidh aithris san Aithisg gu robh impidh air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 Plana Nàiseanta ullachadh agus a chur gu Ministearan na h-Alba a' gabhail a-steach thagraidhean air mar a bhiodh an dleastanas air a coileanadh fon Achd. Am measg nan tagraidhean bhiodh Ro-innleachd a' brosnachadh agus a' cur taic ri brosnachadh cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, Foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig. Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Plana ath-leasaichte san Fhaoilleach 2017 agus dh'fhosgladh greis co-chomhairleachaidh a dhùin air 17 Cèitean 2017. Chaidh beachd bhon Chomhairle ullachadh agus a chur a-steach ron cheann-là, a bha ann am Fa-sgrìobhadh 1 den Aithisg.

Chaidh aontachadh moladh gu gabhadh a' Chomhairle ris an dreach fhreagairt a chaidh a-steach ann an dàimh ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

APPLICATIONS FOR FINANCIAL ASSISTANCE

6 Faclan: Feis Litreachais Innse Gall 2017

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which sought approval for funding of £3,578 towards the costs of An Lanntair's annual and high-profile, Faclan: Fèis Litreachais Innse Gall. The Report stated that the festival took place late every October at An Lanntair, and involved a series of talks, films and lectures about Gaelic culture, literature and poetry. The Report indicated that the cost of the festival was £13,828. The Report further stated that An Lanntair would contribute £3,000 towards the cost and funding of £2,750 would come from the Royal Literary Fund and other sponsors. In addition, ticket sales for the festival would amount to £4,500.

It was agreed to recommend that the Comhairle approve that the sum of £3,578 be awarded to An Lanntair to pay for the cost of the Gaelic elements of the project only, namely: the Gaelic translation costs for An Lanntair's website, and bilingual publishing, advertising and event costs, but excluding travel costs for the participants on such terms and conditions as the Chief Executive should determine.

IARRTASAN AIRSON TAIC AIRGID

6 Faclan: Feis Litreachais Innse Gall 2017

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-nar Aithisg leis an Àrd-oifigear a' sireadh aonta ri maoineachadh de £3,578 a thoirt mar thabhartas don Lanntair ann an dàimh ri Faclan: Fèis Litreachais Innse Gall. Chaidh mineachadh san Aithisg gum biodh an fhèis a' gabhail àite aig deireadh an t-Samhain san Lanntair, a' gabhail a-steach sreath de dh'òraidean, filmichean agus deasbadaan a thaobh cultar, litreachas agus bàrdachd na Gàidhlig. Chaidh ainmeachadh san Aithisg gu robh an fhèis a cosg mu £13,828, agus thigeadh £3,000 bhon Lanntair fhèin agus £2,750 bho Mhaoin Litreachas Rìoghail agus an còrr bho luchd-taic eile. A thuilleadh tha dùil gun toir ticeadan airson an tachartais a-steach mu £4,500.

Chaidh aontachadh moladh dhan Chomhairle gabhail ri £3,578 a thoirt mar thabhartas don Lanntair, a' pàigheadh a-mhàin airson eileamaidean Gàidhlig na pròiseact. `s e sin cosgais eadar-theangachaidh air obair an làrach-linn, foillseachadh dà-chànanach agus cosgais co-cheangailte ris an tachartas ach gun a bhith a' gabhail a-steach cosgaisean siubhail luchd compàirt agus air teirmean agus cùmhnantan air an dearbhadh leis an Àrd-oifigear.

